# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

**COTHROM EILE AIRSON TAIC FHAIGHINN BHO TAIC FREUMHAN COIMHEARSNACHD**

**07 An Cèitean 2010**

Tha Taic Freumhan Coimhearsnachd, sgeama maoin aig Bòrd na Gàidhlig, air fhosgladh a-rithist airson iarrtasan fhaighinn bho coimhearsnachdan a tha ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh anns na sgìrean aca fhèin.
'S urrainn do buidhnean coimhearsnachd, buidhnean saor-thoileach agus gnothachasan beaga iarrtas a chur a-steach airson taic-airgead suas ri £2,500 fhaighinn airson iomairtean a tha a neartachadh Gàidhlig anns a' choimhearsnachd.
Thuirt Daibhidh Boag, Leasaiche Planadh Cànain aig Bòrd na Gàidhlig:
"Am bliadhna, tha sinn ag amas air iarrtasan fhaighinn a tha a' sealltainn gu bheil iad a' leudachadh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig aig na diofar ìrean a tha sinn air ainmeachadh anns am plana gnìomh againn, Ginealach Ùr na Gàidhlig"
"Tha sinn ag iarraidh pròiseactan fhaicinn a tha a' brosnachadh pàrantan gus Gàidhlig a thoirt don chloinn, àrainneachd tharraingeach Ghàidhlig a chruthachadh do chloinn fo aois sgoile, misneach a thoirt do òigridh Gàidhlig a tha aca a chleachdadh agus barrachd òigridh a thàladh gus tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh agus iomairtean far a bheil fileantaich a' toirt taic dhaibh-san a tha ag ionnsachadh Gàidhlig."
Tha Bòrd na Gàidhlig airson cothrom as ùr a thoirt seachad do bhuidhnean mar Cròileagan Dhùnsgealair ann an Uibhist a Tuath, a fhuair taic an uiridh airson latha fosgailte agus goireasan ùr gus pàrantan a bhrosnachadh an clann aca a chur dhan Chròileagan. Fhuair Fàs Mòr anns an t-Eilean Sgitheanach, taic airson club karate tro mheadhan na Gàidhlig an dèidh na sgoile agus Àrainn Shuaineart ann an Aird nam Murchan, airson clas còcaireachd a chur air doigh sa Ghàidhlig airson deugairean agus inbhich.
Tha tuilleadh fiosrachaidh agus foirmean iarrtais airson Taic Freumhan Coimhearsnachd rim faotainn bho Bhòrd na Gàidhlig air 01463 225454, no le post-d gu tabhartas@gaidhlig.org.uk no air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aighttp://www.gaidhlig.org.uk/freumhan.html
Bi an cothrom airson iarrtasan a chur a-staigh a' dùnadh air **Dihaoine 04 Ògmhios, 2010.**

**Notaichean**
Ginealach Ùr na Gàidhlig
Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phriomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan

gus meudachadh air togail canain a thoirt gu buil mean air mhean. Airson tuilleadh fiosrachadh faicwww.gaidhlig.org.uk

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

## ANOTHER OPPORTUNITY FOR SUPPORT FROM BORD NA GAIDHLIG'S COMMUNITY FUND

**07 May 2010**

A new opportunity to apply to Bòrd na Gàidhlig's community fund Taic Freumhan Coimhearsnachd has re-opened to communities who aim to increase the number of Gaelic speakers in their area.
All community groups, voluntary groups and small businesses can apply for up to £2,500 for initiatives that will strengthen Gaelic in the community.
David Boag, Leasaiche Cànain Gàidhlig of Bòrd na Gàidhlig stated:
"This year we would like to encourage applications that will expand learning and usage of Gaelic within communities of Scotland and also help us deliver the aims in our action plan, Ginealach Ùr na Gàidhlig"
"We would especially welcome projects that encourage parents to speak Gaelic to their children, that create a Gaelic environment for pre-school children, that encourage young people to learn and use their Gaelic outside school and college, and initiatives where fluent speakers provide support to learners."
Bòrd na Gàidhlig are offering this opportunity to continue supporting groups similar to such as Cròileagan Dhùnsgealair in North Uist, who received support last year to hold an open day and create resources to encourage parents to send their children to the Cròileagan in that community. Other examples of projects that received support in the past include Fàs Mòr in Skye, to establish a Gaelic karate after-school class and Àrainn Shuaineart in Ardnamurchan, to organise a Gaelic cooking class for teenagers and adults.
For more information and an application pack, contact Bòrd na Gàidhlig on 01463 225454 or email tabhartas@gaidhlig.org.uk
More information is available on the website at www.gaidhlig.org.uk/freumhan-en.html
Closing date for applications is **Friday 4th June 2010.**

**Notes to Editors**

Ginealach Ùr na Gàidhlig

Ginealach Ùr na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to produce an incremental increase in language acquisition. For more information, see www.gaidhlig.org.uk

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454